

DREUCHD	Iar-chòcaire
ROINN	Aoigheachd
FO STIÙIR	Am Prìomh Chòcaire
UALLACH AIRSON	Sgioba a' Chidsin
ÌRE TUARASTAIL	£24,070 - £25,794 gach bliadhna a rèir eòlais
ÀITE-OBACH	Sabhal Mòr Ostaig, Slèite, An t-Eilean Sgitheanach IV44 8QR

## ADHBHAR NA DREUCHD

Bidh an t-Iar-chòcaire ag obair mar phàirt de sgioba a' chidsin aig a' Cholaiste, far am bi iad a' cuideachadh le bhith ag ullachadh biadh fìor mhath, làn mathais, do dh'oileanaich, luchd-obrach, luchd-tadhail is aoighean. Mar phàirt de sin, bidh iad ag ullachadh biadh gu làitheil, a' dèanamh a' bhìdh a gheibhear air a' chlàr-bhìdh, ag ullachadh biadh airson tachartasan sònraichte agus a' dèanamh cinnteach gu bheil obair a' chidsin a' dol air adhart mar a bu chòir.

## PRÌOMH DHLEASTANASAN

### Ullachadh is Seirbheisean Bìdh

- Ag ullachadh is a' còcaireachd biadh airson lòn, dinnear agus tachartasan sònraichte, agus thu ag obair còmhla ris a' Phrìomh Chòcaire, Iar-Chòcaire agus an Còcaire.
- A' dèanamh cinnteach gu bheil gach seòrsa bìdh a bheirear seachad a' coileanadh ìrean freagarrach a thaobh càileachd, coltas agus meud.
- Ag ullachadh biadh gu sàbhailte airson diofar fheumalachdan daitheid (glasraichearan, bhìoganaich, aileirgidhean, biadh gun gluten msaa).

### Obair Sgioba is Conaltradh

- Ag obair còmhla ri daoine eile mar phàirt de sgioba co-aonaichte a' chidsin, agus thu a' gabhail dhiofar dhleastanasan os làimh agus a' toirt taic do cho-obrachaidhean aig amannan trang.
- A' toirt taic do luchd-obrach sealach no luchd-obrach a tha aig ìre dhreuchdail nas ìsle nuair a bhios feum air sin.

### Obair a' Chidsin

- A' cur gach modh-obrach an sàs a thaobh slàinteachas bìdh, HACCP, agus aileirgidhean.
- A' cumail an àite-obrach glan, sgiobalta agus sàbhailte a rèir inbhean reachdail is inbhean na colaiste.
- A' cuideachadh le bhith a' cumail sùil air teothachd bìdh, clàran-ama glanaidh agus mar a nìthear cinnteach gun tèid stuthan bìdh a chleachdadh ann an deagh àm.

### A' Cumail Rian air Solar is Stuthan Bìdh agus Buidseatan

- A' cuideachadh le bhith ag òrdachadh is a' stòradh biadh agus le bhith ga chur air falbh nuair a thig òrdain.
- A' cuideachadh le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil fios ceart aig an sgioba air na th' ann de sholar is stuthan bìdh a th' aca agus gum bi cho beag ana-caitheimh 's as urrainn ann tro phlanaichean èifeachdach agus tro bhith a' cumail rian air meud nan cuibhreannan bìdh a bheirear seachad.

- Ag innse mu dheidhinn ma tha gainnead de rudeigin ann, ma dh'èireas duilgheadasan no ma dh'fheumar uidheamachd fhaighinn no a chàradh.

#### Tachartasan is Aoigheachd

- A' cuideachadh le bhith ag ullachadh biadh airson cho-labhairtean, tachartasan, cùrsaichean goirid agus prògraman còmhnaidheach.
- A' toirt mholaidhean seachad gus leasachadh a thoirt air clàran-bìdh, pròiseasan agus seirbheisean do luchd-ceannaich.

#### Comasan an Neach-obrach

##### Sgilean Riatanach

- Teisteanas còcaireachd proifeiseanta (me, SVQ aig ìre 2) no eòlas-obrach nach beag a tha ionnan ri sin.
- Eòlas air a bhith ag obair ann an cidsin trang mar phàirt de sgioba.
- Eòlas air slàn-teachas is sàbhailteachd bìdh agus feumalachdan a thaobh aileirgidhean.
- 'S urrainn dhut a bhith ag obair gu h-èifeachdach, ann an com-pàirt agus nuair a bhios cùisean trang.
- Deagh sgilean eagrachaidh is math air rian a chumail air an ùine agad.
- Sùbailte a thaobh nan uairean a bhios tu ag obair, a' gabhail a-steach oidhcheannan agus an deireadh-seachdain.

##### Sgilean a bhiodh nam Buannachd

- 'S urrainn dhut Gàidhlig a bhruidhinn, no tha thu deònach a h-ionnsachadh.
- Ag obrachadh a-mach cosgaisean bìdh.
- Eòlas air a bhith a' dealbh chlàran-bìdh agus a' cumail rian air solar is stuthan bìdh.

#### Na tha sinne a' tabhainn

- Àrainneachd obrach thaiceil far a bheilear a' cur cuideam air a' choimhearsnachd.
- Cothroman trèanaidh is leasachaidh proifeiseanta.
- Àite-obrach sònraichte san eilean.

#### Fiosrachadh a Bharrachd:

##### Uairean gach Seachdain

Bìdh sgioba a' chidsin againn ag obair 35 uairean a thìde san t-seachdain, mar as trice thairis air 5 latha a-mach à 7 le greisean-obrach slàn. Uaireannan dh'fhaodadh gum bi agad ri uairean a bharrachd a dhèanamh ma tha cuideigin air làithean-saora no dheth tinn. Gheibh thu do phàigheadh agus leth uiread a bharrachd airson gach uair a thìde a nì thu a tha a bharrachd air na 35 uairean a thìde àbhaisteach agad ann an seachdain.

##### Làithean-saora

35 làithean le pàigheadh, a' gabhail a-steach làithean-saora poblach.

### **Biadh**

Nuair a bhios luchd-obrach ag obair, bidh biadh air a thabhainn dhaibh.

### **Sgeama Peinnsein**

Tha sgeama peinnsein aig a' Cholaiste sam faod a h-uile neach-obrach ballrachd a ghabhail.

**Ma tha thu airson tuilleadh fiosrachaidh fhaighinn mun dreuchd seo mus cuir thu a-staigh air a son, cuir fios gu Kirsteen McGonagall on [km.smo@uhi.ac.uk](mailto:km.smo@uhi.ac.uk) no 01471 888250.**

**Mus tèid obair a thabhainn dhut, nithear sgrùdadh air teistean agus fiosrachadh bho Fhoillseachadh Alba.**

### **Iarrtasan:**

Cuir am foirm-iarrtais agad ann am post-d gu: [obair@smo.uhi.ac.uk](mailto:obair@smo.uhi.ac.uk)